

Stiùireadh-measaidh Maoin Phlanaichean Gàidhlig – Sruth Ro-innleachdail 2024-27 Gaelic Plans Fund – Strategic Stream 2024-27 Assessment Guidance

Sgrùdadh ro-mheasaidh air iarrtasan / Pre-assessment application screening

Bu chòir gun tèid gach iarrtas a sgrùdadh mus tèid e airson measadh gu dearbhadh gu bheil e a’ leantainn riaghailtean an sgeama mar [a tha ann san stiùireadh](#). Mur eil e a’ leantainn nan riaghailtean a leanas, bu chòir gun tèid iarraidh air an neach-iarrtais na mearachdan a cheartachadh taobh a-staigh 5 làithean-obrach, no cha tèid an t-iarrtas air adhart airson measadh, agus thèid an t-iarrtas a dhiùltadh.

Each application should be screened before assessment to ensure it follows the rules of the scheme set out [in the guidance](#). If it does not follow the rules below, the applicant should be asked to correct any errors within 5 working days, or the application will not be assessed, and the application declined.

- Buidheann na ùghdarras ionadail a fhuair cuireadh
- Iarrtas taic-airgid aig no nas lugha na 80% de chosgaisean iomlan gach raon-obrach
- Teachd-a-steach agus cosgaisean slàn airson a’ phrògram air a chur a-steach mar bhuidseat
- Gnìomhan a’ tachairt eadar Lùnastal 2024 is Sultain 2027
- Organisation is one of the invited local authorities
- Funding request for each work area at or under 80% of total work area costs
- Full work area income and expenditure outlined for the programme in a submitted budget
- Activity taking place between August 2024 and September 2027

Molaidhean airson sgòradh fa-leth / Individual scoring recommendations

Bu chòir gach ball den phannal nochdadh aig a’ chiad chothrom ùidh sam bith ann an gin de na h-iarrtasan tron sgeama. Ma tha ùidh aig ball ann an gin de na h-iarrtasan, cha bu chòir dhaibh an t-iarrtas sin a mheasadh.

Any panel member should register any interest they may have in any of the scheme’s application as soon as possible. If a panel member has an interest in any application, they should not assess that application.

Bu chòir gach ball den phannal gach raon-obrach a sgòradh a rèir an stiùireadh gu h-ìosal. Thathar an dùil gum bi sgòr de cho-dhiù 60% gu h-iomlan a dhìth airson iarrtas a bhith airidh air moladh taic-airgid.

Each individual panel member should score each work area in accordance to the guidance below. It is expected that a score of at least 60% overall is required for an application to be eligible for a funding recommendation.

Bu chòir gach puing-measaidh a bhith air a sgòradh a-mach à 5, le stiùireadh gu h-ìosal air na tha gach sgòr a’ comharrachadh. Ma tha stiùireadh sònraichte ann airson puing-measaidh, bu chòir sin a bhith ga mheas mar phrìomhachais.

Each assessment criteria should be scored out of 5, with guidance below on what each score represents. However, if there is specialist guidance provided then that should be considered as a priority.

5	4	3	2	1
Glè làidir / Very strong	Làidir / Strong	Riarachail / Satisfactory	Lag / Weak	Glè lag / Very weak

Buaidh an raon-obrach	Work area Impact
<p data-bbox="108 237 638 273">Inbhe agus freagarrachd an raon-obrach</p> <ul data-bbox="95 309 727 766" style="list-style-type: none"> • Dè cho dlùth agus a tha am raon-obrach a’ freagairt air stiùireadh airson nam raointean-obrach a tha an sgeama seo airson maoineachadh? • Dè cho buannachdail agus a bhiodh am raon-obrach do chleachdadh, ionnsachadh agus cur air adhart na Gàidhlig ann an raon an ùghdarrais phoblaich nan robh taic-airgid air a thoirt seachad dha? • Am bi am raon-obrach air a lìbhrigeadh agus air a dheasachadh tro mheadhan na Gàidhlig? • Ciamar a tha an t-iarrrtas a’ sealltainn àbhaisteachadh na Gàidhlig san ùghdarras? • Mas e raon-obrach leantainneach a th’ ann, a bheil e soilleir mar a bhios am raon-obrach a’ togail air toraidhean a fhuair e roimhe? <p data-bbox="108 801 727 900"><i>Mur eil am raon-obrach air an lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig gu tur no sa mhòr-chuid, ‘s e 4 an sgòr as àirde a dh’fhaodar toirt seachad.</i></p>	<p data-bbox="842 237 1260 273">10% Work area eligibility and quality</p> <ul data-bbox="829 309 1461 672" style="list-style-type: none"> • How closely does the work area relate to the guidance for work areas that this fund is looking for? • How beneficial could the work area be for Gaelic usage, learning and promotion in the public authority’s remit if it was funded? • Will the work area be delivered and developed through the medium of Gaelic? • How does the application show the normalisation of Gaelic within the authority? • If this is a continuation of a previous work area, is it clear how the work area will build on previous results? <p data-bbox="842 801 1461 869"><i>If the work area is not entirely or mostly delivered through the medium of Gaelic, then the maximum score is 4.</i></p>
<p data-bbox="108 925 466 960">Plana Nàiseanta 2023-2028</p> <ul data-bbox="95 996 727 1131" style="list-style-type: none"> • Dè cho dlùth is a tha am raon-obrach a’ freagairt air gnìomhan a chaidh ainmeachadh sa Phlana Nàiseanta? • Dè cho mòr is a bhiodh buaidh an raon-obrach seo ann a bhith a’ cur an gnìomh a’ Phlana Nàiseanta? 	<p data-bbox="842 925 1353 960">20% National Gaelic Language Plan 2023-28</p> <ul data-bbox="829 996 1461 1131" style="list-style-type: none"> • How closely does the work area respond to the actions identified in the National Gaelic Language Plan? • How much of an impact will this work area have in implementing the National Gaelic Language Plan?
<p data-bbox="108 1164 580 1200">A’ buileachadh Planaichean Gàidhlig</p> <ul data-bbox="95 1223 727 1518" style="list-style-type: none"> • Dè cho soilleir agus a tha an t-iarrrtas a’ sealltainn mar a bhios am raon-obrach a’ lìbhrigeadh amasan Plana Gàidhlig an ùghdarrais? • Dè cho math agus a tha an t-iarrrtas a’ toirt feart air mar a dh’fhaodas am raon-obrach taic a chur ri lìbhrigeadh Phlanaichean Gàidhlig aig ùghdarrasan eile? • A bheil a’ bhuidheann a’ coileanadh nan dleasan aige a thaobh dearcnachadh is ath-nuadhachadh a’ Phlana Gàidhlig aige? 	<p data-bbox="842 1164 1321 1200">20% Implementing Gaelic Language Plans</p> <ul data-bbox="829 1223 1461 1518" style="list-style-type: none"> • How clearly does the application show how the work area will deliver the aims of the public authority’s Gaelic Language Plan? • How well does the application consider the ways in which the work area can support delivery of other authorities’ Gaelic Language Plans? • Is the organisation currently fulfilling its responsibilities in terms of monitoring and renewing its Gaelic Language Plan?
<p data-bbox="108 1559 306 1594">Luach an airgid</p> <ul data-bbox="95 1630 727 2049" style="list-style-type: none"> • Cia mhead duine a gheibh buannachd bhon airgead a thathar a’ sireadh? • A bheil buidseat an raon-obrach reusanta airson a leithid agus e a’ coimhead air dòighean gus cosgaisean a lùghdachadh far a bheil sin comasach? • A bheil taic iomchaidh ann bho thùsan eile (a’ gabhail a-steach com-pàirtichean)? • Am bi an taic-airgid seo air a stiùireadh agus cleachdadh ann an dòigh èifeachdach? • Ciamar a tha am raon-obrach a’ sealltainn adhartachadh bho phròiseactan a fhuair taic-airgid a-cheana? • 	<p data-bbox="842 1559 1059 1594">25% Value for money</p> <ul data-bbox="829 1630 1461 1930" style="list-style-type: none"> • How many people will benefit in relation to the funding requested? • Is the budget for the work area reasonable and does it look to minimise costs where possible? • Is there appropriate funding from other sources (including participants)? • Will this funding be managed and used effectively? • How does this work area show improvement over previous work areas that have been awarded funding?

Comas libhrigidh	10%	Ability to deliver
<ul style="list-style-type: none"> • A bheil an t-iarrtas a’ sealltainn gu bheil sgilean agus eòlas gu leòr aig an tagraiche gus am raon-obrach a libhrigeadh gu soirbheachail? • A bheil a’ bhuidheann air cùmhnantan le taic-airgid Bhòrd na Gàidhlig a choileanadh gu soirbheachail roimhe (a’ gabhail a-steach a bhith ag aithneachadh na taic-airgid)? • A bheil comasan Gàidhlig math aig an neach/sgioba a bhios a’ libhrigeadh a’ phròiseict? • A bheil e soilleir bhon iarrtas mar a thèid an obair a choileanadh? • Am bi am buidseat iomchaidh airson am raon-obrach a libhrigeadh gu tùr? 		<ul style="list-style-type: none"> • Does the application demonstrate that the applicant has sufficient skills and knowledge to deliver the work area successfully? • Has the organisation successfully performed Bòrd na Gàidhlig funding contracts previously (including acknowledging funding support)? • Does the individual/team delivering the work area have good Gaelic ability? • Is it clear from the application how the work will be undertaken? • Is the budget reasonable to deliver the work area fully?
Sgrùdadh is measadh an raon-obrach	10%	Work area monitoring and evaluation
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho làidir agus a tha planaichean an tagraiche airson an obair aca a mheasadh? • A bheil targaidean soilleir is ruigsinneach aig an tagraiche? • A bheil na thargaidean is dòighean-measaidh freagarrach airson toraidhean chànan a thomhais? • A bheil a’ bhuidheann air na dleasan aice a choileanadh a thaobh aithisgean is a bhith a’ toirt fiosrachadh seachad dhan Bhòrd airson pròiseactan a fhuair taic-airgid roimhe? 		<ul style="list-style-type: none"> • How strong are the applicant’s plans to assess their work? • Does the applicant have clear and achievable targets? • Are the targets and monitoring methods suitable to measure language outcomes? • Has the organisation performed its duties in terms of returning reports and providing information to the Bòrd for projects that have previously received funding?
A’ togail com-pàirteachasan & Ùr-gnàthachas	5%	Building partnerships & Innovation
<ul style="list-style-type: none"> • Dè cho math agus a tha am raon-obrach ann a bhith ag obair leis a’ choimhearsnachd ionadail? • Dè cho math ’s a tha am raon-obrach ann a bhith a’ dèanamh ceangal le tachartasan ionadail, nàiseanta is eadar-nàiseanta? • Dè an uiread de cho-obrachadh a tha an t-iarrtas a’ sealltainn eadar an t-ùghdarras ionadail agus buidhnean eile (poblach, treas roinn no prìobhaideach)? • Dè cho math agus a tha an t-iarrtas a’ sealltainn ùr-gnàthachas an raon-obrach, gu h-àraidh a thaobh obair na buidhne agus coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd? • Dè cho math agus a tha an iarrtas a’ mìneachadh na buannachdan bhon ùr-gnàthachas seo? • Dè cho math agus a tha an iarrtas a’ sealltainn mar an urrainnear na toraidhean ùr a chur an gnìomh san àm ri teachd? 		<ul style="list-style-type: none"> • How well does the work area seek to involve the local community? • How well does the work area connect with local, national and international events? • How much co-operation is shown in the application between the public authority and other organisations (public, third sector or private)? • How strongly does the application demonstrate the innovation of the work area, in relation to the organisation’s work and the Gaelic community in general? • How well does the application explain the results that will come from this innovation? • How well does the application show how this innovation can be applied in future?

Bidh sgòr iomlan an uair sin air a ruighinn le bhith ag iomadachadh sgòr a-mach à 5 airson gach slat-tomhais le cuideam gach slat-tomhais, agus iad seo a chur còmhla, mar a chithear san eisimpleir gu h-ìosal.

A final score is then provided by multiplying each criteria's score out of 5 by the weight of each criteria, and adding these together, as exemplified below:

Slat-tomhais / Criteria	Sgòr / Score	Cuideam / Weight	Sgòr le cuideam / Weighted score
Inbhe an raon-obrach / Work area quality	5/5	10%	10%
Plana Nàiseanta / National Gaelic Language Plan	4/5	20%	16%
Planaichean Gàidhlig / Gaelic Language Plans	3/5	20%	12%
Luach an airgid / Value for money	3/5	25%	15%
Comas lìbhrigidh / Ability to deliver	3/5	10%	6%
Sgrùdadh is luachadh / Monitoring and evaluation	2/5	10%	4%
A' togail com-pàirteachasan & Ùr-gnathachas / Building partnerships & innovation	3/5	5%	3%
IOMLAN / TOTALS		100%	66%

Measadh mar phannal / Panel assessment

Às dèidh do bhuill a' phannail na h-iarrtasan a mheasadh, thig iad còmhla gus aonta a ruighinn air:

- **A bheilear a' moladh taic-airgid dhan raon-obrach?**
 - **Ma tha:**
 - **Dè an t-sùm airgid a thathar a' moladh?**
 - **A bheil cumhaichean no prìomh chomharran coileanaidh (PCCan) ri mholadh airson an aonta**
 - **Mura h-eil, carson nach eil an raon-obrach seo freagarrach?**

Thèid na molaidhean seo, is sùm chuibheasach sgòran gach buill fa-leth, a chur dhan Sgioba Stiùiridh.

After the panel members have assessed each application, they will meet to reach an agreement on:

- Is support recommended for the work area?
 - If so:
 - What sum is being recommended?
 - Are there any conditions or key performance indicators (KPIs) to be recommended for the agreement?
 - If not, why is the work area not suitable?

These recommendations, along with the average scores of panel members, will be put to the Senior Management Team.

Airson gach iarrtas a tha am pannal-measaidh a' moladh dhan Sgioba Stiùiridh, faodaidh iad moladh gum bithear a' tabhann sùm taic-airgid a tha nas lugha na an t-sùm a chaidh iarraidh chun na h-ìre a tha am pannal den bheachd gum bi an t-sùm:

- 1) **A' toirt seachad luach an airgid do Bhòrd na Gàidhlig**
- 2) **Fhathast a' leigeil leis a' phròiseact tachairt (fiù ach pàirt dheth)**

For each application that the assessment panel recommends to the Senior Management Team, they may recommend a funding offer that is lower than the requested sum to the extent that the panel believes the amount provided:

- 1) **Delivers value for money for Bòrd na Gàidhlig**
- 2) **Will still allow the work area to continue (even if in part)**

Ma tha barrachd taic-airgid air a mholadh dha raointean-obrach na tha comasach a thaobh buidseat, bu chòir na molaidhean dhan Sgioba Stiùiridh a bhith air an dèanamh a-rèir sgòr iomlan a' phannail ach cuideachd gu bheil raointean-obrach freagarrach air am maoineachadh ann an diofar sgìrean den dùthaich (m.e. dearbhadh gu bheil farsaingeachd de phròiseactan ann a-rèir cruinn-eòlas, cuspair).

If more funding is recommended for work areas than budget will allow, the recommendations to the Senior Management Team should be made on the basis of the panel's total score for work areas and any other relevant factors (e.g. ensuring a proportionate range of work areas geographically, by subject).

Co-dhùnaidhean / Decisions

Bidh Sgioba Stiùiridh Bhòrd na Gàidhlig a' tighinn gu co-dhùnadh eadar-amail air na h-iarrtasan uile, a thaobh a bheilear a' toirt seachad taic-airgid no nach eil, agus ma tha an t-iarrtas soirbheachail dè an t-sùm a bhithear a thabhann is cumhaichean no PCCan ri chur san aonta.

Faodaidh an Sgioba Stiùiridh dol an-aghaidh molaidhean a' phannail gu tur no ann am pàirt.

Dh'fhaodadh gun iarr an Sgioba Stiùiridh tuilleadh fiosrachaidh airson co-dhùnadh a dhèanamh.

Bòrd na Gàidhlig's Senior Management Team will an interim decision on all applications, whether to award funding, what sum to award, and any conditions or KPIs for successful applications.

These decisions may disagree with recommendations of the panel, either in full or in part. The Senior Management Team may request further information to reach a decision.

Thèid co-dhùnadh eadar-amail a sgaoileadh dha na buidhnean san Lùnastal 2024 airson beachdachadh air, is beachdan no molaidhean sam bith a chur air ais. Thèid na h-iarrtasan an uair sin a chur ri Chomataidh Poileasaidh is Ghoireasan Bòrd na Gàidhlig san t-Sultain 2024 is Bòrd-stiùiridh Bòrd na Gàidhlig san Dàmhair 2024 airson co-dhùnadh dheireannaich a ruighinn.

The interim decision will be shared with authorities in August 2024 for comment, with any comments or proposals returned at that stage. These applications with updates will then be put to Bòrd na Gàidhlig's Policy & Resources Committee in September 2024 and Bòrd na Gàidhlig's Board in October 2024 for a final decision.

Eachdraidh Faidhle / Version history		
v1	Air fhoillseachadh / Published	24 Iuchar / July 2023